

# Comhairle na Gàidhealtachd

|                          |         |
|--------------------------|---------|
| Cuspair Clàir-ghnothaich | 10      |
| Àir. Aithisge            | G/10/26 |

Comataidh: Gàidhlig

Ceann-latha: 3 Ògmhios 2026

Tìotal Aithisge: Cunntas air Foghlam Gàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

## 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gníomhach

Tha an aithisg seo a' toirt cunntas air leasachaidhean o chionn ghoirid agus air a' bhuaidh a th' aig Foghlam Gàidhlig sa Ghàidhealtachd.

Tha an aithisg a' toirt seachad fiosrachadh do Bhuill mu phrìomhachasan is bhuilean Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a chaidh a choileanadh a thaobh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am bun-sgoiltean san Sgìre a Tuath.

Tha an aithisg a' toirt seachad fiosrachadh agus foir-shealladh de dh'àireamhan làithreach sgoilearan Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd airson 2025/26 agus a' co-roinn fiosrachadh mu ghnìomhan a tha a' cur ris na prìomhachasan ro-innleachdail gus na builean ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) adhartachadh.

## 2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- Aontachadh fàilte a chur air leudachadh leantainneach Foghlaim Ghàidhlig san Sgìre a Tuath;
- Aontachadh aithneachadh gu bheil àireamhan sgoilearan Gàidhlig a' fàs thar nan roinnean; agus
- Toirt fa-near do ghnìomhan Seachdain na Gàidhlig agus an dealas a th' aig sgoiltean com-pàirt a ghabhail san iomairt bhliadhnail.

## 3. Builean

3.1 Goireas

Airson na bliadhna ionmhasail 2025/26, chuir a' Chomhairle a-steach iarrtas Tabhartas Sonràichte na Gàidhlig (TSG) airson £1.3M agus chaidh £940,000 fhaotainn.

Tha am maoinachadh a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad tro TSG fhathast riatanach airson taic a chur ri pròiseactan a tha a' cuideachadh na Comhairle gus na gealltanasan aice a libhrigeadh fo Phlana na Gàidhlig. Tha pàirt shusbainteach dhen

taic seo a' cur gu dìreach ri leasachadh leantainneach Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

A bharrachd air prìomh mhaoineachadh na Comhairle agus TSG, tha buidseat na Gàidhlig air a neartachadh barrachd tro thagraidhean soirbheachail airson phròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig, agus Maoin Ro-innleachdail nam Planaichean Gàidhlig (MPG), a' cuideachadh gus cothroman a' buntainn ris a' Ghàidhlig a neartachadh is a leudachadh air feadh sgìre na Comhairle.

### 3.2 Laghail

Tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Earrann 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar riatanas gu bheil dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd mar ùghdarras foghlaim brosnachadh is taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.

### 3.3 Cunnart

Chan eil cunnartan sònraichte sam bith a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.

### 3.4

Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd ann.

### 3.5 Gàidhlig

Tha dà phrìomhachas ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) 2024–29 airson Foghlam Gàidhlig:

- Libhrig brosnachadh is fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach libhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70% de bhun-sgoiltean a' solarachadh Gàidhlig mar C2 agus C3 gus solar na Gàidhlig a mheudachadh thar an ùghdarras.
- Leudaich libhrigeadh FtG le barrachd chuspairean àrd-sgoile air an toirt seachad, sgoiltean ùra a sheasas leotha fhèin air an cruthachadh, agus solar ùr airson nan tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil is àrd-sgoil.

Tha am PG againn cuideachd a' gabhail a-steach bhuilean eadar-eisimeileach a' buntainn ri coimhearsnachdan agus dachaigh, eaconamaidh, cultar is dualchas gus taic a chur ris na prìomhachasan seo airson Foghlam Gàidhlig.

## 4. Buaidhean

### 4.1

Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.

### 4.2

Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

### 4.3

'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

## 5. Pròiseact Gàidhlig aig Tuath

5.1 **Fèisgoil – Blasad Gàidhlig aig Tuath** – tha Fèisgoil, an t-seirbheis foghlaim fhoirmeil aig Fèisean nan Gàidheal, ag ullachadh is a' libhrigeadh sheiseanan taic Gàidhlig do Chomhairle na Gàidhealtachd ann an sgoiltean far a bheil clann ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd.

**Cosgais: £17,213** maoinichte tro dhuais Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba.

**Raon-ama:** Thòisich obair-ullachaidh sa Ghiblean 2025 le libhrigeadh a' tòiseachadh tràth san t-Sultain, aig àm cur air bhog Fèis Bhlas. Tha na seiseanan gan cumail eadar toiseach na Sultaine agus meadhan na Dùbhlachd 2025.

**Àireamh sheiseanan, chloinn-sgoile is luchd-obrach sgoile gu dìreach a' gabhail pàirt:** Thathar an dùil gun tèid **176** seisean a libhrigeadh tron t-sreath **Blasad Gàidhlig aig Tuath** agus tha sinn an dùil gum bi **còrr is 350** leanabh aois bun-sgoile, a' mhòr-chuid dhiubh aig an dàrna ìre, air pàirt a ghabhail sna seiseanan seachdaineach. Bidh co-dhiù **24 neach-obrach** air a bhith an sàs gach seachdain sna seiseanan adhartach, le cothrom pàirt a ghabhail mar luchd-ionnsachaidh còmhla ris a' chloinn sna clasaichean aca.

**Oidean:** Bidh ullachadh is libhrigeadh nan seiseanan air obair chunbhalach a thoirt do **5 oidean Fèisgoil**, a' cuideachadh gus leigeil leotha fuireach is obair fhaighinn gu h-ionadail.

**Stuth air a chòmhdach:** Thathar a' brosnachadh oidean Fèisgoil na planaichean leasain adhartach aig Blasad Gàidhlig a leantainn. Tha na planaichean air an cur ri chèile le Fèisgoil le còrr is 70 leasan adhartach rin faotainn. Tha na cuspairean ionnsachaidh co-cheangailte ri òrain is geamaichean a tha a' buntainn ri cuspairean sònraichte a thathar a' teagasg aig gach àm agus tha foir-sheallaidhean dhen chànan is dhe na leasan rim faotainn do thidsearan clasa mar thaic a bharrachd.

Tha **fios air ais bho sgoiltean** air a bhith math dha-rìribh agus tha sinn ag amas air togail air a seo tro bhith a' co-roinn na tha sinn a' tabhann a thaobh Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd airson Gàidhlig 1+2 leis na sgoiltean seo an-ath-sheisean. Tha sinn an dòchas gun lean sgoiltean air adhart le bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig C3 aca tron a seo.

## 5.2 Cunntas às Ùr agus Plana-gnìomha airson Àrd-Sgoil Far

- Air luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a thoirt a-steach a-rithist ann an ÀS1 agus ÀS2 aig Àrd-Sgoil Far.
- Tha na 3 bun-sgoiltean co-cheangailte a-nis nan sgoiltean Gàidhlig C3.
- Tha an campas air fad a' gabhail pàirt ann am facal na seachdaine.
- Thathar air foir-shealladh dhen chànan a chruthachadh air aon duilleig as urrainn do thidsearan a chur suas air a' bhalla.
- Tha cuspairean làn-champas air a bhith againn sa Ghàidhlig timcheall air Oidhche Shamhna, a' Chàisg is eile.
- Air pasgain-obrach a chruthachadh airson Ionadan Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne, P1–3/4 AGUS P4/5-7 agus stiùiridhean taice do thidsearan

- Tha mòran sunnd ùr ann agus tha e tlachdmhor sin fhaicinn, agus mar sin tha mi làn dòchais gun urrainn dhuinn tidsear Gàidhlig fhadstadh air stèidh mhaireannach gus rudan a chur air adhart buileach.

## 6. Cunntas air Àireamhan Sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig 2025/26

- 6.1 Aig Comataidh na Gàidhlig, chaidh foir-shealladh de dh'àireamhan sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig a thoirt seachad do bhuill. [Comataidh na Gàidhlig - 25 Gearran 2026](#)

Tha **Eàrr-ràdh 1** a' toirt seachad foir-shealladh nas mionaidiche airson 2025/26 a' cleachdadh dòigh-obrach dàta àireamhan sgoilearan Gàidhlig air stèidh chruinn-eòlasach. Tha seo cuideachd a' gabhail a-steach àireamhan sgoilearan Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

- 6.2 Tha an clàr a leanas a' toirt foir-shealladh air àireamhan sgoilearan thar gach roinn.

| Tuairisgeul  | Plana                      | Bliadhna Acadaimig each | Sgoilear an iomlan | FLI  | FtG  | %      |
|--|----------------------------|-------------------------|--------------------|------|------|--------|
| % Sgoilearan Àrd-sgoile Luchd-ionnsachaidh   | CP1.11 (Plana Gàidhlig 04) | 25/26                   | 13375              | 1948 |      | 14.56% |
| FLI – S e lùghdachadh beag ceudaid a tha seo de -1.29% no -0.19 puingean ceudaid bho 14.75% sa bhliadhna acadaimigich mu dheireadh.  |                            |                         |                    |      |      |        |
| % Sgoilearan Àrd-sgoile Gàidhlig   | CP1.11 (Plana Gàidhlig 04) | 25/26                   | 13375              |      | 507  | 3.8%   |
| FtG Àrd-sgoile – 'S e meudachadh de 18.75% no 0.6 puingean ceudaid a tha seo, bho 3.2% sa bhliadhna acadaimigich mu dheireadh, a' sealltainn meudachadh ann an àireamhan sgoilearan ann am FtG àrd-sgoile, gu ìre air sàillibh barrachd sgoilearan a' gluasad o bhun-sgoil gu àrd-sgoil ann am buidhnean sgoiltean co-cheangailte nam bun-sgoiltean a tha a' seasamh leotha fhèin.             |                            |                         |                    |      |      |        |
| % Sgoilearan Sgoil-àraich FtG  | CP1.11 (Plana Gàidhlig 04) | 25/26                   | 3384               |      | 352  | 10.4%  |
| agus 17 sgoil-àraich priobhaideach, saor-thoileach no neo-eisimeileach   |                            |                         |                    |      |      |        |
| TICC FtG – 10.4%, an ceudad as àirde a chlàraich ann an TICC FtG sa Ghàidhealtachd gu ruige seo, meudachadh ceudaid de 5.16% bhon bhliadhna acadaimigich mu dheireadh no 0.51 puingean ceudaid. Bha Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2018–2023 a' cuimseachadh air 10% de sgoilearan ann am FtG Bun-sgoile. Rè co-chomhairleachadh PG 2018–23, bha 6.27% clàraichte ann an TICC FtG. |                            |                         |                    |      |      |        |
| % Sgoilearan Bun-sgoile FtG  | CP1.11 (Plana Gàidhlig 04) | 25/26                   | 15657              |      | 1076 | 6.9%   |
| FtG Bun-sgoile – meudachadh beag de 1.62% no 0.11 puing ceudaid bho 6.79% dhen bhun-sgoil iomlan bhon bhliadhna acadaimigich mu dheireadh, a' leantainn treand àrdachaidh de chlàrachadh ann am FtG P1 air sàillibh meudachadh ann an àireamhan TICC FtG.  |                            |                         |                    |      |      |        |

Tha am fiosrachadh seo air a chruinneachadh is air a chleachdadh mar fhianais air an dealas a th' ann gus foghlam Gàidhlig fhàs anns a' Ghàidhealtachd nuair a thathar ag aithris do Riaghaltas na h-Alba a rèir teirmean Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig agus do Bhòrd na Gàidhlig.

Tha a bhith a' meudachadh àireamhan sgoilearan a' toirt seachad fianais gu ruige adhartas taobh a-staigh gealltanasan ro-innleachdail airson Foghlam Gàidhlig sa Phlana Gàidhlig mar a thathar a' co-roinn ann an 3.5.

**Eàrr-ràdh** [Grafaigean-fiosrachaidh FtG Gàidhlig 2425 2526](#)

## 7 Seachdain na Gàidhlig – Cunntas air Foghlam

- 7.1 Chaidh Seachdain na Gàidhlig 2026 a chur air bhog le tadhal air Bun-Sgoil Dhrochaid Aonachain, aig a bheil Gàidhlig mar chànan C3. Chuir Joy Dunlop seachad an latha còmhla ri sgoilearan, a' toirt taic dhaibh len cuid seinn sa Ghàidhlig agus a' bruidhinn mu na dòighean anns am bi iad a' cleachdadh na Gàidhlig mar phàirt de

chleachdaidhean làitheil na sgoile. Bha Joy air a dòigh leis cho math 's a bha a' chlann a' cleachdadh na Gàidhlig agus mar a bha an cuid ionnsachaidh sa Ghàidhlig a' còrdadh riutha.

- 7.2 Ghabh mòran sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd, a leithid Bun-Sgoil Eige, pàirt ann an Seachdain na Gàidhlig a-rithist am-bliadhna, far an do chuir iad air dòigh grunn chleasan do sgoilearan, a leithid a bhith a' dealbhachadh lèintean-t Gàidhlig, a bhith ag ràdh abairt Ghàidhlig, a bharrachd air a bhith a' gabhail pàirt ann an leasan air-loidhne air an stiùireadh le Joy Dunlop agus Calum MacIlleathain. Chuir Bun-Sgoil Loch Carrann Cafaidh Gàidhlig air dòigh agus thug iad cuireadh dhan choimhearsnachd ionadail tighinn a-steach. Chuir Àrd-Sgoil Ullapuil air dòigh Latha Spòrs Gàidhlig agus dh'fhaodadh àrd-sgoiltean eile a fhrithealadh agus pàirt a ghabhail sna farpaisean. Dh'obraich Bun-Sgoil Ratharsair còmhla ri Leabharlann Nàiseanta na h-Alba agus dhealbhaich iad obair-ealain a bha a' gabhail a-steach faclan is abairtean Gàidhlig. Thadhail Tobar an Dualchais air àrd-sgoiltean tro Sheachdain na Gàidhlig agus chuir iad air dòigh bùithtean-obrach, a' coimhead air a' mhapa ùr eadar-obrachail aca agus mar a bu chòir a chleachdadh gus goireasan bhon sgìre ionadail a lorg. Chùm Bun-Sgoil Stafainn tachartas cultarach Gàidhlig, a bha air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, agus a bha a' gabhail a-steach tadhal bho Dhonaidh Barker, neach-ciùil ionadail.

## **8 Foghlam Àrd-sgoile tron Ghàidhlig: Measadh agus Molaidhean airson Leasachadh – Aithisg Rannsachaidh airson Bòrd na Gàidhlig**

- 8.1 Tha an aithisg seo a' toirt seachad ath-sgrùdadh mionaideach air foghlam àrd-sgoile tron Ghàidhlig ann an Alba, a' sgrùdadh a leasachadh eachdraidheil, meud an t-solair a th' ann an-dràsta agus prìomh dhùbhlain, agus a' tabhann raon farsaing de mholaidhean airson leasachadh.
- 8.2 Tha luchd-rannsachaidh air toirt am follais san aithisg gu bheil obair a' dol air adhart eadar Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. 'S e seo an aon eisimpleir dha leithid a tha a' toirt buaidh air foghlam àrd-sgoile tron Ghàidhlig mar a thog oifigearan thar 23 ùghdarrasan ionadail. Tha co-obrachadh maoinichte eadar-ùghdarrasan mar seo an ìre mhath tearc agus dh'fhaodadh buaidh mhath a bhith aige a thaobh deagh chleachdadh thar foghlam na h-Alba. Thog Jim Whannel air a seo mar eisimpleir de dheagh chleachdadh nàiseanta ann an agallamh airson BBC Alba agus Radio nan Gàidheal air an 19 Màrt (às dèidh dhan aithisg a bhith air a foillseachadh) le amas gum bi aire mu obair chom-pàirteach mean air mhean a' fàs nas bitheanta agus tha e fìor mhath a bhith a' faicinn cleachdadh ann am FtG a' stiùireadh leasachaidhean. Tha Jim Whannel a' cur fàilte air cothrom cur ri deasbad ùghdarras ionadail mun aithisg, ma tha sin a dhìth.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Eadar-amail Bun-sgoile agus Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne

Ceann-latha: 28/4/26


Ùghdaran: Ruairidh MacAoidh, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig  
Lena Walker, Oifigear Taic Foghlaim

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: neo-bhuntainneach


Eàrr-ràdhan: neo-bhuntainneach

# 2025-26


## ELC




# 2025-26 PRIMARY



# 2025-26 SECONDARY GME



# 2025-26 SECONDARY GLE



2025-26

L2 L3

